

## An-diugh Diluain

Eachann: Chan eil mise a' dol dhan sgoil an-diugh.

Mamaidh: Carson? Dè tha ceàrr ort?

Eachann: Tha mo cheann goirt.

Mamaidh: Chan eil e dona, Eachainn. Seo Aspirin. Siuthad!  
Mach à seo!

Eachann: Ò Mhamaidh, chan eil mi gu math. Tha mo cheann goirt.  
Chan eil sibh laghach.

## An-diugh Dimàirt

Eachann: A Mhamaidh, chan eil mi a' dol dhan sgoil an-diugh.

Mamaidh: Carson? Dè tha ceàrr?

Eachann: Tha m' amhach goirt.

Mamaidh: Chan eil e dona, Eachainn. Seo Pastilles. Siuthad!  
Mach à seo!

Eachann: Ò Mhamaidh, tha m' amhach goirt agus chan eil mi gu math.

## An-diugh Diciadain

Mamaidh: Dùisg, Eachainn, dùisg!

Eachann: Chan eil mi a' dol dhan sgoil an-diugh.

Mamaidh: Carson? Dè tha ceàrr?

Eachann: Tha mo stamag goirt. Chan eil mi gu math.

Mamaidh: Chan eil e dona, Eachainn. Seo lemonade. Siuthad!  
Mach à seo!

Eachann: Ò Mhamaidh, chan eil mi gu math an-diugh.  
Tha mo stamag goirt.